

Aithris Prìobhaideachd-Liostaichean Conaltraidh

Ro-ràdh

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an Achd) gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh. Mar phàirt den dreuchd sin, feumaidh sinn conaltradh a dhèanamh gu cunbhalach ri daoine air a bheil dleastanas fon Achd no iadsan aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig, foghlam Gàidhlig no cultar na Gàidhlig.

Tha an aithris prìobhaideachd seo a' mìneachadh mar a bhios Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh an fhiosrachaidh phearsanta agaibh.

Dè am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh?

Tha liostaichean conaltraidh aig gach roinn taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig airson adhbharan sònraichte. Bidh ur n-ainm agus seòladh puist-d an lùib an fhiosrachaidh a chruinneachas sinn airson gach liosta conaltraidh. Ma tha sibh a' riochdachadh buidheann, clàraichidh sinn a' bhuidheann a tha sibh a' riochdachadh agus, ma tha e buntainneach, an tiotal-obrach agaibh. Dh'fhaodadh gun iarr sinn àireamh fòn cuideachd ach cha tèid seo a chlàradh ach a-mhàin nuair a tha feum sònraichte againn air seo.

Ann an cuid de shuidheachaidhean, ma tha dreuchd phoblach agaibh no ma tha sibh a' dèanamh obair phoblach, dh'fhaodadh gun clàraich agus gun cleachd sinn an seòladh obrach agaibh gus fiosrachadh a chur thugaibh air pàipear.

Cha chuir sinn duine sam bith ris na liostaichean conaltraidh ach a-mhàin nuair a tha adhbhar sònraichte ann air a shon. Thèid seo a mhineachadh gu h-ìosal.

Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?

Fon Achd, tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig a bhith:

1. A' brosnachadh agus dèanamh comasach a bhith a' brosnachadh:
 - i. cleachdadh agus tuigsinn na Gàidhlig, agus
 - ii. foghlam agus cultar na Gàidhlig
2. A' toirt comhairle (an dà chuid nuair a thèid seo iarraidh agus nuair a tha e den bheachd gu bheil seo iomchaidh) do Mhinistearan na h-Alba, do bhuidhnean poblach agus do dhaoine eile a tha a' dèanamh obair phoblach air cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig
3. A bhith a' toirt comhairle (nuair a thèid seo iarraidh) do dhaoine eile air cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig.

Tha dreuchdan eile aig Bòrd na Gàidhlig fon Achd gus:

- i. Conaltradh a dhèanamh ri ughdarrasan poblach a thaobh Phlanaichean Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt a-mach fiosan-plana reachdail, a' cumail sùil air buileachadh phlanaichean, agus ag ath-sgrùdadh Phlanaichean Gàidhlig;
- ii. Stiùireadh a chruthachadh (le taic bho luchd-ùidh) airson an dà chuid rianachd Phlanaichean Gàidhlig agus a bhith a' toirt seachad foghlam Gàidhlig;
- iii. Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a chruthachadh.

Gus gèilleadh ris na dleastanasan reachdail seo, bidh Bòrd na Gàidhlig a' cumail fiosrachadh mu luchd-ùidh agus luchd-aithne.

An seòrsa fiosrachadh conaltraidh a th' againn:

- i. Fiosrachadh dhaibhsan a tha nan neach-fios aig buidheann a tha a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig, mar is àbhaist taic-airgid bho fhear de na sgeamaichean againn. Thèid am fiosrachadh seo a chleachdadh gus cumhaichean maoineachaidh a mhanaidseadh agus 's e an stèidh laghail airson am fiosrachadh conaltraidh a làimhseachadh san dòigh seo na feumalachdan dligheil an dà chuid aig Bòrd na Gàidhlig agus aig a' bhuidhinn a gheibh an taic. Tha e a chùim leas an dà bhuidhinn a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an t-iarrtas maoineachaidh a làimhseachadh agus a riaghladh, agus gun tèid na cumhaichean maoineachaidh a choileanadh. Bidh an aon stèidh laghail an sàs airson buidheann sam bith a tha a' cruthachadh Plana Gàidhlig gu saor-thoileach;
- ii. Ma tha sibh nur neach-fios aig buidheann, 's dòcha gum bi sibh nur "fo-sgrìobhadair corporra" (faic am paragraf gu h-ìosal air Riaghailtean Prìobhaideachd agus Conaltradh Eileagtronaigeach (PECR)). Mar as trice, bidh seo a' ciallachadh gum bi an seòladh puist-d agaibh ceangailte ris a' bhuidhinn agaibh, mar eisimpleir, ainm.sloinneadh@gaidhlig.scot.

'S dòcha gun cuir sinn fiosrachadh thugaibh anns am biodh ùidh aig a' bhuidhinn agaibh, nar beachd, mar eisimpleir nuair a thèid iarrtasan airson maoineachadh fhosgladh. Mar a chìthear gu h-àrd, thèid fiosrachadh conaltraidh airson an t-seòrsa conaltraidh seo a làimhseachadh a chùim an leas dligheil aig Bòrd na Gàidhlig agus aig a' bhuidhinn dha bheil am fiosrachadh ga chur;
- iii. Nuair a tha sibh air am fiosrachaidh conaltraidh pearsanta agaibh fhèin a thoirt dhuinn às leth buidheann, mar eisimpleir a' cleachdadh an t-seòlaidh puist-d agaibh fhèin airson fiosrachadh mu iarrtas maoineachaidh airson buidheann coimhearsnachd, no airson a bhith a' ruith buidheann thràth-bhliadhnaichean, chan e fo-sgrìobhadair corporra a bhios annaibh. Tha seo a' ciallachadh, ged a chleachdas sinn am fiosrachadh agaibh gus maoineachadh a thoirt seachad no gus cùisean co-ceangailte ris a' bhuidhinn mar a chaidh mìneachadh ann an paragraf i gu h-àrd, feumaidh sinn cead fhaighinn airson puist-d sanasachd a chur thugaibh. 'S e riatanas a tha seo fo PECR mar a thèid mìneachadh gu h-ìosal;
- iv. An t-seòrsa fiosrachaidh a dh'fheumas a bhith aig Bòrd na Gàidhlig gus an coilean e na dleastanasan laghail aige. Tha cleachdadh fiosrachadh conaltraidh airson adhbharan laghail gu math cuibhrichte agus ma thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh air an adhbhar seo, thèid seo a mhìneachadh anns a' chonaltradh a gheibh sibh. Mar eisimpleir, ma chuireas sibh iarrtas a-steach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 far am feum Bòrd na Gàidhlig freagairt a chur thugaibh gu laghail. Thoiribh an aire nach tèid iadsan a nì iarrtas FOI a chur ri liostaichean conaltraidh gu fèin-obrachail;
- v. Fios bho dhaoine a tha air am fiosrachadh pearsanta aca a thoirt dhuinn gus fiosrachadh sanasachd fhaighinn dhaibh fhèin, an àite a bhith a' riochdachadh buidheann. Thèid am fiosrachadh seo a làimhseachadh fon stèidh laghail gu bheil aonta ann, mar a thèid mìneachadh gu h-ìosal.

Riaghailtean Prìobhaideachd agus Conaltradh Eileagtronaigeach (PECR)

Tha PECR eadar-dhealaichte ri GDPR agus tha dleastanasan a bharrachd ann a thaobh dè dh'fheumar dèanamh airson gnothaichean margaidheachd eileagtronaigeach.

Far a bheil Bòrd na Gàidhlig a’ brosnachadh na h-obrach aige no a’ brosnachadh nan seirbheisean a tha rim faighinn, bidh cuid de na conaltraidhean a’ tighinn fo PECCR. Tha seo a’ ciallachadh, nuair a chleachdas sinn am fiosrachadh pearsanta aig neach fa leth airson adhbharan sanasachd agus margaidheachd, gum feum aonta a bhith againn nuair a thathar a’ conaltradh ann an cruth dealanach.

Mar sin, ma tha sibh air seòladh puist-d pearsanta a thoirt dhuinn, iarraidh sinn aonta bhuaibh gus fiosrachadh margaidheachd a chur thugaibh tro phost-d, facs, teacsa no teachdaireachd eileagtronaigeach eile. **Thoiribh an aire: mur a toir sibh aonta dhuinn, cha bhi e comasach dhuinn fiosrachadh sanasachd a chur thugaibh, a’ gabhail a-steach fiosrachadh mu sgeamaichean maoinachaidh ùra no taic sam bith eile.**

Chan eil an riatanas aonta fhaighinn an sàs dhaibhsan a tha nam “fo-sgrìobhaidhean corporra” ged a tha còir agaibh fhathast cuir an aghaidh margaidheachd dhìreach, mar a thathar a’ mìneachadh fo Chòraichean a Bharrachd.

Nuair a tha cead againn stuthan margaidheachd eileagtronaigeach a chur thugaibh, faodaidh sibh ur cead a thoirt air falbh uair sam bith. Thoiribh an aire: ged a thèid am fiosrachadh agaibh a thoirt air falbh bho na liostaichean margaidheachd sa bhad, ’s dòcha gum faigh sibh conaltradh bho Bòrd na Gàidhlig nuair a thèid a chleachdadh air adhbharan eile, mar eisimpleir airson stiùireadh cumhachan maoinachaidh a tha buidheann air faighinn.

Tha aontaidhean làimhseachaidh dàta aig Bòrd na Gàidhlig le buidhnean a bhios a’ làimhseachadh dàta pearsanta às ar leth far am feum an làimhseachadh tachairt taobh a-staigh an EEA. Cho fad ’s a tha fios againn, cha tèid fiosrachadh sam bith a thug sibh dhuinn a thar-aiseag gu h-eadar-nàiseanta.

An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?

Dèiligidh an sgioba as fhreagarraiche taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig ris an conaltradh agaibh.

Tha Bòrd na Gàidhlig a’ cleachdadh làimhsichear dàta airson dèiligeadh ris a’ mhòr chuid de na seirbheisean IT aige.

Uaireannan dh’fhaodadh Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh conaltraidh agaibh a chur air adhart gu solaraidhe treas pàrtaidh a tha a’ toirt seachad seirbheis às ar leth, no air adhbharan rannsachaidh. Cha tèid am fiosrachadh agaibh a cho-roinn ach nuair a thèid a chleachdadh airson adhbhar a tha ceangailte ris an adhbhar airson ’s gun deach a chruinneachadh anns a’ chiad dol a-mach, agus nuair tha dìonan ceart ann.

Cha chuir sinn am fiosrachadh pearsanta agaibh air adhart gu treas pàrtaidh uair sam bith gun aonta soilleir bhuaibh, ach a-mhàin nuair a tha riatanas reachdail no adhbhar laghail eile ann gus sin a dhèanamh.

Dè a thachras nuair nach eil feum air mo chuid fhiosrachaidh tuilleadh?

Thèid na liostaichean conaltraidh againn a stiùireadh a rèir nan sgeidealan gleidhidh aig Bòrd na Gàidhlig. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh orra gu tric airson dèanamh cinnteach gu bheil iad ceart agus nua-aimsireil, agus uaireannan iarraidh sinn oirbh am fiosrachadh agaibh a dhearbhadh. Far a bheil sibh ag iarraidh a bhith air tè de na liostaichean conaltraidh againn dh’fhaodte gun cuir sinn fios thugaibh uaireannan airson dearbhadh gu bheil sibh fhathast airson fiosrachadh fhaighinn bhuaibh, mur a h-eil sinn air cluinntinn bhuaibh airson ùine fhada

Thèid luchd-aithne a thoirt air falbh gun dàil cho luath ’s nach urrainn dhuinn an dearbhadh, no ma thèid seo iarraidh. Thoiribh an aire: dh’fhaodte gun tèid am fiosrachadh agus an conaltradh agaibh a chumail air adhbharan eile, mar a chaidh mìneachadh gu h-àrd, mar eisimpleir ma tha feum againn air gus dleastanas reachdail a choileanadh a thaobh nam Planaichean Gàidhlig.

Còraichean a Bharrachd

Fon GDPR, tha còraichean a bharrachd agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta agaibh. Tha a' chòir agaibh:

- i. cead-inntrigidh iarraidh dhan fhiosrachadh pearsanta agaibh;
- ii. ceartachadh iarraidh air an fhiosrachaidh phearsanta agaibh, a' ciallachadh gun tèid fiosrachadh ceàrr a chur ceart gun cus dàil;
- iii. iarraidh gun tèid am fiosrachadh agaibh a dhubhadh às nuair a tha cumhachan sònraichte an sàs;
- iv. bacadh a chur air làimhseachadh ann an suidheachaidhean àraidh;
- v. cuir an aghaidh làimhseachadh;
- v. so-ghluasadachd dàta ann an cuid de shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan ceangailte ri ceartachadh, dubhadh às no bacadh air làimhseachadh a chur air adhart gu faightear sam bith aig a bheil am fiosrachadh pearsanta agaibh. Thèid fiosrachadh air faightearan a lorg anns an earrainn *An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?*

'S dòcha gum bi amannan ann nuair nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ris na h-iarrtasan seo. Ma thachras seo le iarrtas a nì sibh, thèid innse dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ris an iarrtas agus roghainnean sam bith a th' agaibh.

Nuair a thèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a làimhseachadh le ur cead, tha còir a bharrachd agaibh ur cead a thoirt air falbh uair sam bith. Bu chòir fios a bhith agaibh, ged a sguir Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh agaibh a chleachdadh airson an adhbhair sin sa bhad, 's dòcha nach tèid am fiosrachadh agaibh a thoirt air falbh bhon àrainn phoblaich, mar eisimpleir nuair a thèid a chleachdadh ann am foillseachaidhean pàipeir. Bu chòir fios a bhith agaibh cuideachd gu bheil an comas cead a thoirt air falbh an gnìomh airson fiosrachadh pearsanta a-mhàin. Chan eil e an sàs airson fiosrachadh mu bhuidhnean. 'S urrainn dhuibh faighinn a-mach mar a thèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a làimhseachadh gu laghail anns an roinn *Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?*

Faodaidh sibh an cead agaibh gus am fiosrachadh agaibh a chleachdadh airson adhbharan margaidheachd a thoirt air falbh uair sam bith.

Gearanan

Ma tha sibh mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh pearsanta agaibh, tha còir agaibh gearan a thoirt do Choimiseanair an Fhiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta air feadh na RA. Thèid am fiosrachadh conaltradh aca a lorg aig <https://ico.org.uk>.

Fiosrachadh Conaltraidh

'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair Dàta (no Rianadair) airson fiosrachadh pearsanta a th' air a chruinneachadh agus làimhseachadh airson liostaichean conaltraidh luchd-ùidh agus luchd-aithne eile. Làrach-lìn: <https://www.gaidhlig.scot/ga/>

Ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh na h-aithris prìobhaideachd seo, cuiribh fios sa chiad dol a-mach gu:

Ceann nan Seirbheisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta
Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis IV3 8NW
oifis@gaidhlig.scot
01463 225454